

Carragh Sueno am Farrais,  
a' charragh shnaighte is  
àirde an Alba agus tha  
i a' sealltainn sealladh  
dràmach de chatha.

# A' RANNSACHADH CARRAGH SUENO

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg





## Carragh Sueno

Tha carraighean Cruithneach am measg nan clachan-cuimhne is sònraichte an Alba. Gheibhear samhlaidhean is ìomhaighean grinn nochdte snaighte air ulpagan is leacan, 's air clachan-seasaidh a chaidh a ghearradh is a chumadh a dh'aona ghnothach. Chaidh a' chuid is motha de na tha againn an-diugh a shnaigheadh eadar 500 agus 900 BT. Tha tòrr dhiubh a-nis an taighean-tasgaidh gus an glèidheil, ach feadhainn fòs mar annas dhuinn san àite san deach an cur suas beagnach 1500 bliadhna air ais.

Air aon dhiubh seo tha carragh dhràmach Sueno ann am Farrais. Air aon taobh den charragh tha crois throm-chumta, air a snaigheadh on leac agus air a maiseachadh le obair-shnaidhme eadar-fhighte. Ach air an taobh eile tha sgeul gu tur eadar-dhealaichte, sgeul catha. An-seo chì sinn eich, deise-airm, innealan-cogaidh agus sgeul buaidh aon taoibh is call fuilteach an taoibh eile. Tha e coltach gu bheil a' charragh seo a' comharradh, air dòigh neo-àbhaisteach, rud a thachair san da-rìribh, 's dòcha cath a ghabh àite ann am Farrais ann an 966 BT.

## Fiosrachadh Feumail

- Àite: Far an A96, air iomall an ear Fharrais
- Parcadh: Ionad beag parcaidh rì taobh na carraigh
- An Taigh-beag is fhaisge: Pàirc Ghrannnd, Farrais
- Nòta: Tha Carragh Shueno air a cumail ann am bocsa gloinne air sgàth glèidhteachais. Is dòcha gum bi e doirbh a' charragh fhaicinn ann an droch shìde.
- Molar gum bi 1 inbheach ann fa chomhair 10 phàistean.

## Mar a chleachdar an goireas seo

Tha an goireas seo air a chur ri chèile gus cuir an comas luchd-teagaisg no phàrantan rannsachadh beag a dhèanamh air Carragh Sueno. Bidh deasbad sìmplidh a' dìreadh aire nan sgoilearan air na tha iad a' faicinn agus gam misneachadh an fhianais seo a mhìneachadh. Bu chòir an leabhar-treòrachaidh seo a chleachdadh cuide ris an leabhar mhòr dhathte *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009. Tha seo ri fhaotainn saor 's an asgaidh don luchd-teagaisg o Alba Aosmhor agus gabhaidh fhaighinn cuideachd air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha an leabhran seo a' cur Carragh Sueno ann an co-theacs nan clachan Cruithneach eile 's a' moladh tuilleadh rud a nìthear roimh thighinn ann agus na dhèidh.

Fòn 0131 668 8793/8736 no tadhail air [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk) gus barrachd fhaighinn a-mach.

## Gnìomhan a mholar

- Tomhais a' charragh, chor is gun tèid agad air modail a dhèanamh air ais san sgoil.
- Dèan dealbh de dh'aon phàirt den charragh. San sgoil faodar na deilbh seo a chur gu feum mar bhunait dealbh-sgèile neo modail. Neo dh'fhaodadh an cleachdadh gus sgrìobhadh smaoineachail no ealain a mhìneachadh.
- 'Snaigh' pàtran no suaicheantas on charraigh a-steach air sgleat crèadha. Nuairsin ghabhadh seo a chur ann an àth is ann an raon-cluiche na sgoile.
- Dealbhaich pàtran de dh'ainmhidhean eadar-fhighte, an dàrna cuid fìor neo mìotasach. Ghabhadh seo a 'shnaigheadh' ann an sglèat crèadha agus a chur ann an àth is ann an raon-cluiche na sgoile. Cuideachd, dh'fhaodadh na deilbh a chleachdadh airson obair chlò-bhualaidh le sgleataichean polastaidhrean.
- Smaoinich gu robh thu ag aithris a' chatha sa phàipear-naidheachd ionadail. Sgrìobh geàrr-chunntas air a' chath, a' cur feum air ìomhaighean na carraigh mar "dhealbhan-camara".
- Gabh dealbhan-camara de phàirtean eadar-dhealaichte den charragh. San sgoil, cuir builgean-bruidhne ris na dealbhan gus sgeul is smaoin innse.

## Tuilleadh leughaidh

Foghlam Alba Aosmhor, *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009.

Anna Ritchie, *Picts*, Alba Aosmhor/OFnB 1995

Iain Fraser agus John Borland, *The Pictish Symbol Stones of Scotland*, CRLAEA, 2008.



### Robh fhios agad ...

'S dòcha gun do dhathaich na Cruithnich an carraighean le crèadh ruadh no gual loisgte.



*Carragh Sueno mus deach am bocsa gloinne dìon a dhèanamh air a son*

## Cùl-fhiosrachadh

*Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan ron turas neo air an làraich.*

- 'S i seo a' charragh shnaighte is àirde ann an Alba! An dùil dè cho àrd is a tha i? (Còrr is 6.5 m)
- 'S dòcha gun deach a' charragh seo a shnaigheadh còrr is 1200 bliadhna air ais le cinne daoine air an robh na Cruithnich. Bha iad beò air taobh tuath is taobh an ear na dùthcha eadar 300 is 900 BT ach chan eil sinn cinnteach an do shnaigh iad i.
- Chan eil sinn cinnteach carson a bha a' charragh seo ann. 'S dòcha gun robh i a' comharradh uaigh duine cudromach, air neo gun robh i mar chomharra-crìche no àite far an d' rinneadh deas-ghnàthan cràbhach. No is dòcha gur ann mar chuimhneachan air cath cudromach a chuireadh ann i. 'S dòcha gum bi beachd agad fhèin aon uair 's gu bheil sinn air sùil a thoirt oirre.
- 'S dòcha gun robh a' charragh maisichte no peantaichte agus i ùr.
- Thugadh an t-ainm Carragh Sueno oirre sna 1800an, nuair a chaidh a' charragh ath-lorg. Bha i fon ùir fad bhliadhnaichean. Chan fhios dè thug an luchd-snaighidh oirre.

## Puingean-deasbaid

### *Spreagadh an Neach-Teagaisg*

Carson a tha a' charragh cho mòr? 'S i a' charragh is mò am measg carraighean Cruithneach uile na h-Alba.

An dùil dè an taobh den charragh a tha mar an aghaidh no am prìomh-thaobh?

Dè an taobh is fheàrr leat? Lorg am pìos is annsa leat agus innis do charaid carson is fheàrr leat e.

Carson, nad bheachd, a tha a' chrois ann am bocsa gloinne?

An saoil thu gu bheil e nas fheàrr a cumail ann am bocsa a-muigh, no a taisbeanadh ann an taigh-tasgaidh?

### *Freagairtean nan sgoilearan*

Gus sealltainn dè cho neartmhor is a bha an luchd-buannachaidh catha.

'S dòcha a' chrois - samhla cudromach Crìosdail.

Airson 's nach tèid a' charragh a mhilleadh 's a bhliadhna aig a' ghaoth is an t-uisge.

Beachdan nan sgoilearan fhèin.



**An e Rìgh Coinneach Mac Ailpein fear de na daoine seo?**

### **Spreagadh an Neach-Teagaisg**

Coinhead an taobh air a bheil a' chrois.

Dè, mar is trice, a tha crois a' samhlachadh?

Dè tha seo ag innse dhuinn mu na Cruithnich?

Tha an obair-shnaighte caite nis, ach dè eile a chì thu fon chrois?

Saoilidh eòlaichean gur dòcha gu bheil an duine sa mheadhan a' riochdachadh rìgh air an robh Coinneach Mac Ailpein - ciad rìgh na h-Alba.

Seall air na pàtranan air a' chrois. Cia mhead diofar shreathan de phàtranan a tha ann?

Dè tha a' fàgail nam pàtranan coltach ri chèile?

Canar 'eadar-iallan' ri pàtranan den t-seòrsa seo ri linn 's gun tèid iad an lùib a chèile, cleas iallan bròige! Creididh cuid de dh'eòlaichean gun d' rinn an luchd-snaighidh na pàtranan seo chor agus gun 'cailleadh' tu thu fhèin annta 's nach rachadh d' aire a tharraing le dealbhan de rudan. Bha còir aca thu a chiùineachadh 's a fhàgail deiseil ùrnaigh a dhèanamh gu Dia. Ach their càch gur e seòrsa de ribean don diabhal a bh' ann!

Càite eile am faic thu pàtranan air a' charragh? A bheil iad mar an ceudna?

### **Freagairtean nan sgoilearan**

Samhla Crìosdail.

Gun robh iad nan Crìosdaidhean.

Tha e coltach ri dithis a' lùbadh an comhair an cinn, le is dòcha cuideigin eile sa mheadhan agus dithis nas lugha air gach taobh - ainglean is dòcha?

Co-dhiù trì sreathan fa leth: air an tar-chas, air chùl na croise agus fon chrois.

Cearcaill is lùban, gu cunbhalach, tòrr phàtranan a' dol 'thairis is fodha'.

Air gach taobh den chrois. Chan eil, tha iad glè dhiofraichte. Nas sgaoilte 's le lùban is snìomhanan nas mò. Daoine beaga snaighte cuideachd.



Dealbh de Charragh Sueno



Sealladh a' chatha

**Spreagadh an Neach-Teagaisg**

Seall air taobh eile na carraigh. Dè tha ga fhàgail diofraichte on chiad taobh?

A rèir choltais tha a' charragh a' sealltainn 98 duine air leth!

An dùil dè tha a' tachairt air an taobh seo den charragh?

Saoilidh cuid den luchd-eachdraidh gun 'leughar' sgeul a' chatha mar chartùn o bhàrr gu bonn. Lorg na tachartasan seo sa chath:

- Teachd an dà fheachd (suas)
- Deiseil gu sabaid: ri aghaidh a chèile (suas sa mheadhan)
- Sabaid - colainn gun chinn (sìos sa mheadhan)
- Ruith is teicheadh (sìos)

An lorg thu:

- daoine air muin eich
- sreath de dhaoine gun chinn
- daoine a' giùlain shleaghan is sgiathan
- daoine a' sèideadh dùdaichean catha
- tùr
- bogha, no drochaid is dòcha

Faigh rudeigin inntinneach thu fhèin. Am faigh do charaid e?

Am faic thu aodach nan gaisgeach?

Chan eil eòlaichean cinnteach dè an cath a tha ann. Tha trì smaointean aca:

- tha e a' sealltainn treubh nan Albannach a' toirt buaidh air na Cruithnich
- tha e a' sealltainn Albannaich is Cruithnich a' toirt buaidh air na Lochlannaich còmhla
- tha e a' sealltainn cath a ghabh àite ann am Farrais an 966 BT nuair a mharbhadh an Rìgh Albannach, Dubh, le fir on sgìre

An dùil an rachadh a' charragh a shnaigheadh leis na daoine a bhuannaich no a chaill an cath?

**Freagairtean nan sgoilearan**

Tha e a' sealltainn catha.

Glè dhiofraichte - tòrr de dhaoine beaga snaighte.

- air a' bhàrr.

- sa mheadhan air chli, suidhichte air muin a chèile

- sìos air dheis.

- air dheis sa mheadhan.

- sa mheadhan.

- aig a' bhonn.

Tha casagan air cuid aca - no an e fèilidhean a tha ann?

Tha e nas coltaiche gur iad na daoine a bhuannaich a shnaigheadh i - airson a' bhuaidh a chumail an cuimhne agus mar bhòst. Mar rabhadh do chàch cuideachd.